

Cuspair Clàir-ghnothaich	8
Àir. Aithisge	G/13/22

## COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

**Comataidh:** Comataidh na Gàidhlig

**Ceann-latha:** 2 Samhain 2022

**Tìotal Aithisge:** Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig – Comhairle na Gàidhealtachd

**Aithisg le:** Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

### 1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an Aithisg a' toirt an fhiosrachaidh a leanas do Bhuill:

a) Geàrr-chunntas de na prìomhachasan làithreach taobh a-staigh Foghlam Gàidhlig (Plana na Gàidhlig 3) le fòcas sònraichte air na cuspairean a leanas:

- Foghlam tron Ghàidhlig – Tràth-bhliadhnaichean, Bun-sgoil agus Àrd-sgoil
- Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig – Foghlam Bun-sgoile agus Foghlam Àrd-sgoile aig Ìre Foghlam Farsaing Coitcheann
- Prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

b) A' toirt cunntas às ùr air na prìomh raointean leasachaidh làithreach is teachdail a chuireas taic ri fàs ann am Foghlam Gàidhlig ann an Comhairle na Gàidhealtachd, a' gabhail a-steach prìomhachasan Plana na Gàidhlig 3.

### 2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. Beachdachadh air an aithisg agus toirt fa-near do sholar Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Gàidhlig thar na Gàidhealtachd;
- ii. Toirt fa-near do na raointean leasachaidh làithreach is teachdail; agus
- iii. Beachdachadh air na gnìomhan eile a ghabhas dèanamh gus taic a chur ri leasachadh Foghlam Gàidhlig.

### **3. Buaidhean**

- 3.1 Goireas – Tha na buaidhean air goireasan taobh a-staigh a’ phrìomh bhuidseit làithrich a tha a’ gabhail a-steach Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig, agus Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig).
- 3.2 Laghail – Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean) – Tha an Aithisg a’ giùilleadh ri poileasaidhean Chomhairle na Gàidhealtachd a thaobh Co-ionannachd.
- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach – Tha Sgioba na Gàidhlig an-dràsta a’ frithealadh choinneamhan air-loidhne agus gu bhiortail, mar sin a’ lùghdachadh còmh-dhail gnothachais.
- 3.5 Cunnart – Chan eil buaidhean sam bith a’ tighinn am bàrr gu dìreach mar thoradh air an aithisg seo.
- 3.6 Gàidhlig – Tha an aithisg a’ cur ri leasachadh na Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus a’ cur taic ri buileachadh Plana na Gàidhlig.

### **4. Foghlam tron Ghàidhlig**

- 4.1 Tha Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) na roghainn foghlaim ann an Alba a tha a’ toirt cothrom do chloinn is do dhaoine òga tighinn gu ìre fileantachd anns a’ Ghàidhlig. Fhad ’s a tha clann is daoine òga a’ gluasad bho ìre gu ìre, leanaidh iad orra a’ toirt air adhart an cuid fileantais. Tron seo, tha iad cuideachd a’ coileanadh gach amas is adhbhar a thaobh a’ Churraicealaim airson Sàr-mhathais agus aig a’ cheart àm a’ buileachadh orra fhèin gach buannachd dà-chànanaidh a tha ri faotainn.

Tha FtG ri fhaotainn ann an 14 de na 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba. Tha cuid de dh’ùghdarrasan ionadail a’ cleachdadh na tha ùghdarrasan ionadail faisg air làimh a’ tabhann airson iarrtasan phàrantan a choileanadh.

Ann an Alba, tha FtG ri fhaotainn ann an 61 bun-sgoil agus anns na h-àrd-sgoiltean a tha co-cheangailte riutha, nam measg an fheadhainn a tha gu tur nan sgoiltean Gàidhlig. Tha barrachd ionadan tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne, àrd-sgoiltean agus ionadan foghlaim adhartach cuideachd a’ tabhann ionnsachadh tron Ghàidhlig.

Tha 20 sgoil FtG ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd, a’ dèanamh suas an treas cuid dhen FtG a tha ri fhaotainn ann an Alba gu lèir. Airson eadar-glhuasad a riarachadh, faodar leantainn le Gàidhlig ann an 14 àrd-sgoil.

#### **4.2 Co-theacsa Chomhairle na Gàidhealtachd**

Tha FtG ri fhaotainn anns na h-àiteachan a leanas air a’ Ghàidhealtachd – brùth an seo airson an clàr fhosgladh:

[https://www.highland.gov.uk/info/878/schools/18/gaelic\\_medium\\_education](https://www.highland.gov.uk/info/878/schools/18/gaelic_medium_education)

---

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air FtG ann an sgoiltean na Gàidhealtachd a bhrosnachadh tro bhith a' cruthachadh a' bhidio a tha ceangailte gu h-ìosal. Tha fiosrachadh mu FtG sa bhidio agus 's e goireas adhartachaidh goirid a th' ann airson nam meadhanan sòisealta. Tha e a' toirt fiosrachadh do phàrantan aig a bheil ùidh anns na buannachdan a tha an lùib foghlam Gàidhlig.

<https://www.highland.gov.uk/gaelic>

Tha na tha Comhairle na Gàidhealtachd a' tabhann a thaobh FtG a' gabhail a-steach na tha 19 Ionadan Tràth-ionnsachaidh is Cùrain-chloinne agus Ionadan Chom-pàirtichean a' toirt seachad, cuide ri 20 bun-sgoil anns a bheil FtG. An lùib FtG sna bun-sgoiltean, tha 3 sgoiltean sa bheil FtG a-mhàin agus 2 sgoil Ghàidhlig anns a bheil foghlam Beurla aig Comhairle na Gàidhealtachd. 'S e sgoiltean a tha a' tabhann FtG gu ìre air choreigin a th' anns a' chòrr.

Tha 20 àrd-sgoil air a' Ghàidhealtachd a' teagasg Gàidhlig do dh'fhileantaich agus/no do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Tha 13 dhiubh seo a' tabhann FtG aig ìre àrd-sgoile mar phàirt dhen churraicealam Ghàidhlig aca agus tha 17 a' tabhann slighe Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh aig ìre an Fhoghlaim Fharsaing Choitinn (FFC) agus/no aig an ìre as àirde. Tha seo a' gabhail a-steach cothrom air Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh aig ìre FFC, a th' air a libhrigeadh le neach-teagaisg Gàidhlig a tha ag obrachadh leis an Acadamaidh Bhiortail san t-seisean seo. Chan eil na h-àireamhan seo a' gabhail a-steach sgoiltean far a bheil Gàidhlig na pàirt dhen churraicealam airson a bhith ag ionnsachadh chànanan sna bun-sgoiltean (1+2).

'S ann aig Comhairle na Gàidhealtachd a tha an àireamh as motha de sgoiltean a tha a' tabhann Gàidhlig is FtG ann an Alba, taobh a-staigh ùghdarras ionadail sam bith.

4.3

Tha an clàr a' sealltainn far a bheil FtG ri fhaotainn sna bun-sgoiltean is sna h-àrd-sgoiltean co-cheangailte riutha. Tha an % dhen àireamh sgoilearan sna sgoiltean a tha a' taghadh slighe FtG bun-sgoile cuideachd air a shealltainn.

Ainm Sgoile 21-22	IOMLAN C1-7	FtG C1-7	FtB C1-7	% FtG san sgoil	% meudachadh / lùghdachadh
Bun-Sgoil Ghlinn Urchadain	132	14	118	11%	+4%
Bun-Sgoil Loch Carrann	56	17	39	30%	+5%
Bun-Sgoil Chille Mhoire	23	16	7	70%	-6%
Bun-Sgoil Gheàrrloch	52	13	39	25%	+1%
Bun-Sgoil Mount Pleasant	183	18	165	10%	-1%
Bun-Sgoil a' Phluic	36	23	13	64%	-6%
Bun-Sgoil Dhùn Bheagain	42	20	22	48%	-5%
Bun-Sgoil Mhalaig	56	23	33	41%	+5%
Bun-Sgoil Stafainn	38	30	8	79%	+9%
Bun-Sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh	110	33	77	30%	+2%
Bun-Sgoil Àth Tharracail	45	32	13	71%	+1%
Bun-Sgoil an Àth Leathainn	90	39	51	43%	+3%
Bun-Sgoil Bhruaich na Muilne	253	37	216	15%	Gun atharrachadh
Bun-Sgoil Chnoc na Creige	202	53	149	26%	+1%
Bun-Sgoil Shlèite	74	61	13	82%	+2%

Bun-Sgoil Ullapuil	136	75	61	55%	+5%
Bun-Sgoil Inbhir Pheofharain	453	78	375	17%	-1%
Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar	125	125	0	100%	
Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh	161	161	0	100%	
Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis	214	214	0	100%	

  

	% nas àirde de sgoilearan ann am FtG seach FtB
	Sgoil Ghàidhlig le solar FtB
	Sgoiltean Gàidhlig A-mhàin (chan eil FtB san sgoil idir)

Ainm Sgoile	Solar Gàidhlig Àrd-sgoile Co-cheangailte
Bun-Sgoil Ghlinn Urchadain	Àrd-Sgoil Ghlinn Urchadain
Bun-Sgoil Àth Tharracail	Àrd-Sgoil Àird nam Murchan
Bun-Sgoil Inbhir Pheofharain	Acadamaidh Inbhir Pheofharain
Bun-Sgoil Gheàrrloch	Àrd-Sgoil Gheàrrloch
Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis	Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis
Bun-Sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh	Àrd-Sgoil Cheann a' Ghiùthsaidh
Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar	Àrd-Sgoil Loch Abar
Bun-Sgoil Mhalaig	Àrd-Sgoil Mhalaig
Bun-Sgoil Bhruaich na Muilne	Acadamaidh Inbhir Narann
Bun-Sgoil Loch Carrann	Àrd-Sgoil a' Phluic
Bun-Sgoil a' Phluic	
Bun-Sgoil an Àth Leathainn	Àrd-Sgoil Phort Rìgh
Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh	
Bun-Sgoil Shlèite	
Bun-Sgoil Stafainn	
Bun-Sgoil Dhùn Bheagain	
Bun-Sgoil Chille Mhoire	
Bun-Sgoil Chnoc na Creige	Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich
Bun-Sgoil Mount Pleasant	Àrd-Sgoil Inbhir Theòrsa
Bun-Sgoil Ullapuil	Àrd-Sgoil Ullapuil
Bun-Sgoil na Comraich – Iarrrtas airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig a' leantainn	Àrd-Sgoil a' Phluic

4.4 Tha na clàran a leanas a' sealltainn àireamh nan sgoilearan ann am FtG ann an sgoiltean na Gàidhealtachd bho 2015–2022.

### **Clàr 1: Àireamhan TICC 2015–2022**

<b>Sgoilearan ann an sgoiltean-àraich/ionadan com-pàirteach le maoinachadh poblach</b>							
	2015/16	2016/17	2017/18	2018/19	2019/20	2020/21	<b>2021/22</b>
Iomlan na Gàidhealtachd	4,152	4,212	4,052	4,025	3,996	3,952	<b>3667</b>
Iomlan FtG TICC	256	264	287	307	320	283	<b>307</b>
% FtG TICC	6.17%	6.27%	7.08%	7.63%	8.01%	7.16%	<b>8.37%</b>
% atharrachadh bliadhna thar bliadhna		0.1%	0.81%	0.55%	0.38%	-0.85%	<b>+1.21%</b>

### **Clàr 2: TICC, Bun-sgoil, Gàidhlig Àrd-sgoile, Cuspairean FtG Àrd-sgoile & Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig Àrd-sgoile**

<b>Bliadhna</b>	<b>Sgoilearan FtG Sgoil-àraich /Ionad Com-pàirteach</b>	<b>Sgoilearan FtG Bun-sgoile</b>	<b>Sgoilearan Àrd-sgoile Gàidhlig Fhileanta</b>	<b>Sgoilearan Àrd-sgoile Cuspairean tron Ghàidhlig</b>	<b>Sgoilearan Àrd-sgoile Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig</b>
2016-17	264	896	343	265	1829
2017-18	287 Suas 8.01%	923 Suas 2.93%	341 Sìos 0.59%	259 Sìos 2.32%	2012 Suas 9.10%
2018-19	307 Suas 6.51%	963 Suas 4.15%	373 Suas 8.58%	282 Suas 8.16%	1887 Sìos 6.62%
2019-20	320 Suas 4.06%	1034 Suas 6.87%	388 Suas 3.87%	261 Sìos 8.05%	2131 Suas 11.45%
2020-21	283 Sìos 13.07%	1058 Suas 2.27%	414 Suas 6.28%	286 Suas 8.74%	2208 Suas 3.49%
2021-22	<b>307</b> <b>Suas</b> <b>7.81%</b>	<b>1082</b> <b>Suas</b> <b>2.21%</b>	<b>438</b> <b>Suas</b> <b>5.47%</b>	<b>287</b> <b>Suas</b> <b>0.34%</b>	<b>2204</b> <b>Sìos</b> <b>0.18%</b>

## **5.0 Plana na Gàidhlig**

5.1 Tha Bòrd na Gàidhlig a' mìneachadh nam prìomhachasan as cudromaiche airson foghlam is ionnsachadh Gàidhlig ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha e ag ràdh:

*“...tha foghlam is ionnsachadh is leasachadh sgilean Gàidhlig nan àrd-phrìomhachasan ann am [Plana Nàiseanta na Gàidhlig](#) agus tha iad riatanach don àm ri teachd agus sunnd a' chànain. Bidh sinn ag obair ann an com-pàirteachas le grunnan bhuidhnean is dhaoine fa leth gus foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh agus a leasachadh aig a h-uile ìre – an dà chuid do dhaoine òga agus inbhich, agus do dh'fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh.”*

- 5.2 Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (an Achd) ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba, aig a bheil an aon inbhe 's a th' aig a' Bheurla.

Faodar Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2018–23 a leughadh [an seo](#).

Tha an ath dhreach dhen Phlana Nàiseanta ga dhealbhadh agus faodar fhaicinn [an seo](#).

- 5.3 'S e sgrìobhainn reachdail a th' anns a' Phlana, a tha a' leantainn feumalachdan Achd na Gàidhlig, agus far a bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt geallaidhean làidir gun tèid barrachd Gàidhlig a chleachdadh, gun tèid àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig am meud, is gun tèid iomhaigh na Gàidhlig a thogail agus a neartachadh. Airson an adhbhair seo, tha fòcas làidir aig Comhairle na Gàidhealtachd air Foghlam tron Ghàidhlig.

5.4 **Tha sia Raointean Prìomhachais sa Phlana, mar a leanas:**

1. A' Ghàidhlig san Dachaigh, ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne
2. A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd
3. A' Ghàidhlig ann am Foghlam
4. A' Ghàidhlig sna h-Ealain, ann an Cultar is Dualchas
5. A' Ghàidhlig san Àite-obrach
6. Luach Sòisealta, Eaconamach is Cultarail na Gàidhlig

6. **Raon Prìomhachais 3. A' Ghàidhlig ann am Foghlam**

Tha na Geallaidhean Ro-innleachdail sònraichte taobh a-staigh A' Ghàidhlig ann am Foghlam air an toirt seachad gu h-ìosal.

- Gun cuirear ri iomairtean com-pàirteach ro-innleachdail nàiseanta agus dèanamh phoileasaidhean thar foghlam Gàidhlig.
- Gun dèanar cinnteach gu bheil foghlam Gàidhlig air fhisge a-steach do Leasachadh Càileachd Foghlaim Ro-innleachdail Chomhairle na Gàidhealtachd.
- Gun togar air com-pàirteachasan a tha stèidhichte airson 's gum bi luchd-obrach a tha proifeiseanta agus air an trèanadh ann gus taic a chur ri roinn an Tràth-ionnsachaidh 0–3 agus a' Chùraim-chloinne.
- Gun leasaichear Foghlam Gàidhlig 3–18 tro dhòigh-obrach eagarach is sheasmhach gus àrdachadh a thoirt air an àireimh de Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig ann an ionadan.
- Gun obraichear le com-pàirtichean gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air na stuthan is na goireasan ionnsachaidh a tha air an solarachadh gus taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig.

7.0 **Lèirsinn Chomhairle na Gàidhealtachd airson Foghlam Gàidhlig**

- 7.1 Tha Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd, an Sgioba Foghlaim agus Àrd-oifigearan a' cumail orra a' coinneachadh is a' conaltradh gu cunbhalach le prìomh bhuidhnean is chom-pàirtichean, mar phàirt de na h-amasan a tha sa Phlana

Ghàidhlig a thaobh Foghlam Gàidhlig. Bidh na prìomh raointean is amasan ro-innleachdail a thaobh FtG a' gabhail a-steach:

- Sgrùdadh So-dhèantachd Inbhir Nis 3–18
- Planadh is libhrigeadh Co-chomhairle Reachdail a thaobh Sgìrean Sgoile
- A' coileanadh amasan is bhuilean PnG3 Chomhairle na Gàidhealtachd
- A' libhrigeadh bhuilean airson Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig
- Leantainn air adhart le bhith a' conaltradh is ag obair le Riaghaltas na h-Alba is Bòrd na Gàidhlig, le fòcas air luchd-teagasg FtG fhastadh.

## 8.0 Taic Tabhartais is Maoineachaidh

8.1 Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig – Tha Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a' cur a-steach iarrtas bliadhnail gu Riaghaltas na h-Alba airson maoineachadh fhaighinn tro Thabhartas Sònraichte na Gàidhlig airson Foghlam tron Ghàidhlig.

Tha trì ceann-sgrìobhaidhean Pròiseict tar-ruigheach air am mìneachadh san iarrtas:

Pròiseact 1 – Planadh, Buileachadh Poileasaidh agus Goireasan Gàidhlig  
Pròiseact 2 – A' Ghàidhlig san Dachaigh is sa Choimhearsnachd – Pròiseactan Ionnsachaidh is Leasachaidh, nan lùib 0–3  
Pròiseact 3 – A' Ghàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, Foghlam Bun-sgoile is Àrd-sgoile

Gheibhear barrachd fiosrachaidh air an iarrtas agus air na builean an seo – Cuspair 6 Comataidh na Gàidhlig:

[https://www.highland.gov.uk/meetings/meeting/4434/gaelic\\_committee\\_comataidh\\_na\\_gaidhlig](https://www.highland.gov.uk/meetings/meeting/4434/gaelic_committee_comataidh_na_gaidhlig)

8.2 Tha Sgioba na Gàidhlig a' toirt taic seachad agus a' cur structar an gnìomh airson 's gun tèid am Plana Gàidhlig a bhuileachadh agus gun tèid Foghlam Gàidhlig a leasachadh air feadh na Gàidhealtachd. Tha *Sgeama Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig* a' gabhail a-steach gach raon de dh'fhoghlam Gàidhlig, bho Ro-sgoil, Bun-sgoil is Àrd-sgoil gu ionnsachadh inbheach. Tha structar Sgioba na Gàidhlig a' toirt taic do na prìomhachasan a th' aig Comhairle na Gàidhealtachd airson nan raointean seo air fad, a' leantainn nan amasan a th' anns a' Phlana Gàidhlig. Tha pròiseactan le builean àraid a tha a' feuchainn ri taic a thoirt do dh'amasan Plana Gàidhlig na Comhairle air an sònrachadh mar phàirt de dh'iarrtas Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig. Chaidh £910,000 fhaighinn airson 2021–2022. Tha seo a' cuideachadh le bhith a' libhrigeadh nam prìomhachasan Foghlaim a chaidh a shònrachadh ann an PnG3 agus anns na trì raointean pròiseict a chaidh ainmeachadh ann an 6.2, a th' air an stiùireadh is air an libhrigeadh le Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd.

8.3 Tha maoineachadh air a thoirt seachad le Bòrd na Gàidhlig tro Mhaoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF). Tha maoineachadh GLAIF air leth cudromach do Sgioba na Gàidhlig oir tha e a' cuideachadh le bhith a' cur an sàs prìomh chomharran-coileanaidh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd.

8.4 Stèidhich Bòrd na Gàidhlig maoineachadh GLAIF airson ùghdarrasan poblach a chuideachadh gus na geallaidhean a rinn iad sna Planaichean Gàidhlig aca a

libhrigeadh agus airson taic a chumail ri amasan is builean Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha tuilleadh fiosrachaidh air iarrtasan làithreach GLAIF, a rinn oifigearan Sgioba na Gàidhlig, ri fhaotainn ann an aithisg gu Comataidh na Gàidhlig air an 1mh Sultain 2022 fo Chuspair 8. Chithear e [an seo](#).

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach airson Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha: 18 Dàmhair 2022

Ùghdar: Lena Walker, Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig